

Cuspair 20

Outcomes

Digital content: speakgaelic.scot

B1

Builean ionnsachaidh | Learning outcomes

01	I can discuss ferry timetables and plan travel to the islands.	Done? <input type="checkbox"/>
02	I can talk about journey times and departure times.	Done? <input type="checkbox"/>
03	I can talk about work at sea.	Done? <input type="checkbox"/>
04	I can describe a trip to the coast.	Done? <input type="checkbox"/>
05	I can talk about fishing.	Done? <input type="checkbox"/>
06	I can talk about crofting work and rural communities.	Done? <input type="checkbox"/>

1.

Na h-Eileanan | The Islands

Tha na h-Eileanan fhathast aig cridhe cultar na Gàidhlig agus fiù 's anns na bailtean-mòra tha tòrr cheanglaichean aig luchd-labhairt na Gàidhlig ris na h-Eileanan. Anns an leasan seo tha sinn a' dol a chur eòlas air na h-Eileanan àlainn air taobh siar na dùthchha.

Sgrìobh 📝 - An aithne dhut na h-Eileanan seo? Cuir an t-ainm ceart ris na dealbhan.





Muile | Mull

Arainn | Arran

Diùra | Jura

Barraigh | Barra

Ìle | Islay

Uibhist a Deas | South Uist

An t-Eilean Sgitheanach | The Isle of Skye

Leòdhas is na Hearadh | Lewis and Harris

Uibhist a Tuath | North Uist

Bruidhinn 🎤 - Dèan còmhchradh mu na h-Eileanan le caraid no ann am buidheann beag.

An deach thu a-riamh dha fear de na h-Eileanan seo? Cò an t-eilean as fheàrr leat?

Càit am bu toil leat a dhol? Cò an t-eilean as mothà agus as lugha anns an robh thu?

2. A' faicinn na Mara | Seeing the Sea

Dh'ionnsaich sinn an toiseach ann an **A2 Cuspair 8** gum bi **ainmearan cinnteach** 'definite nouns' anns an **tuiseal ghinideach** an dèidh **ainmearan gnìomhaireach** 'verbal nouns': **Am bi thu a' seinn na pioba?** Chunnaic sinn seo a-rithist ann an **B1 Cuspair 1** ag ràdh gu bheil sinn **ag ionnsachadh na Gàidhlig**. Nuair a bhios sinn a' bruidhinn air a' chruth-thìre, air a' bhlàr a-muigh, bidh sinn tric a' cleachdad an structair seo.

Coltach ris na tuislean eile, tha na riaghailtean airson ainmearan **fireann** agus **boireann** anns an tuiseal ghinideach diofraichte, mar a chunnaic sinn ann an **B1 Cuspair 4**.

- **Tha an cladach seo brèagha** *m* → **Tha mi a' faicinn a' chladaich bhon taigh**
- **Tha an cuan cho ciùin** *m* → **Bidh seòladairean a' seòladh a' chuain**
- **Tha a' mhuir farsaing** *f* → **Bidh sinn a' cluinntinn na mara fad na h-ùine**
- **Tha an tràigh faisg air a' bhaile** *f* → **Chan eil mi a' faicinn na tràghad idir**

muir *f* | sea

cuan *m* | ocean

fairge *f* | sea

muir-làn *m* | high tide

muir-tràigh *f* | low tide

traogh *adj* | subsiding, ebbing

gainmheach *f* | sand

tràigh *f* | beach

machair *f* | sandy grassland

geodha *m* | inlet, cove

eathar *m* | small boat

cabhsair *m* | causeway

cop *m* | foam, froth

laimhrig *f* | mooring

rubha *m* | headland

Bruidhinn 🎙 - Dèan còmhradh mu dheidhinn na mara agus mu dheidhinn na h-oirthire. Feuch gun cleachd thu na faclan bhon bhogsa anns na diofar thuislean.

- **Càit a bheil an tràigh as fheàrr leat? An toil leat a bhith a' coiseachd air an tràigh sin? Nuair nach eil thu ann am bi thu **ag ionndrainn na tràghad?****
- **Am b' fheàrr leat gainmheach no clachan air a' chladach? An toil leat coiseachd air a' ghainmhich? An toil leat a bhith a' faireachdainn na gainmhiche air do chasan?**
- **An toil leat a' mhuir? Am bi thu a' snàmh anns a' mhuir? An toil leat a bhith a' cluinntinn na mara?**



traogh! *v* | ebb!, drain!

sìolaidh! *v* | subside!

tràigh! *v* | ebb!, empty!

seòl! *v* | sail!

trus! *v* | gather!

glac! *v* | catch!

a' traoghadh *vn* | ebbing

a' sìoladh *vn* | subsiding

a' tràghadh *vn* | emptying

a' seòladh *vn* | sailing


a' trusadh *vn* | gathering

a' glacadh *vn* | catching

3. Bratach an Eilein | The Island's Flag

Leugh 📖 an earrann seo leat fhèin an toiseach, an uair sin leugh a-rithist i leis a' chlas.

NAIDHEACHDAN



Chaidh a' chiad **bhratach** oifigeil aig an Eilean Sgitheanach **fhoillseachadh** ann am Port Rìgh Diluain.

'S e **am Pàipear Beag**, Comhairle na Gàidhealtachd agus am buidheann Skye Connect a bh' air cùlaibh na h-iomairt gus bratach a lorg.

'S e Calum Alasdair Rothach, 9, à Cille Mhoire, a dhealbhaich a' bhratach a bhuanneach.

Thuirt e gun robh a' bhratach aige **stèidhichte** air eachdraidh is dualchas an eilein.

Chaidh an fharpais gus bratach a dhealbh a thòiseachadh anns an fhoghar an-uiridh agus chaidh 369 bratach a chur air adhart - còrr air 200 aca bho chloinn na sgìre.

Chaidh sia a thaghadh le panal agus fhuair am mòr-shluagh cothrom bhòtadh cò an tè a b' fheàrr leotha. Bhòt còrr air seachd mìle duine, tron phàipear no air-loidhne.

Thuirt **Deasaiche a' Phàipeir Bhig**, Keith MacCoinnich, gun robh e toilichte dha-rìribh leis a' bhrataich a bhuanneach - agus gun deach uiread de bhrataichean a chur air adhart. Thuirt Calum Alasdair gun robh e **anabarrach** toilichte gun do bhuanneach e.

bratach *f* | flag

foillseachadh *m* | publishing, revealing

Am Pàipear Beag | West Highland Free Press [lit. The Wee Paper]

stèidhichte *adj* | based, established

deasaiche *m* | editor

anabarrach *adj* | extremely, exceptionally

Sgrìobh 🖊 - Freagair na ceistean seo mun earrainn.

1. Càit an deach a' bhratach fhoillseachadh?

2. Cò dhealbhaich a' bhratach, cò às a tha e agus dè an aois a bha e?

3. Dè thug beachd dha airson na brataich?

4. Dè an obair a th' aig Keith MacCoinnich?

4. Aig Muir | At Sea

Tha **Obair an lasgaich** uabhasach fhèin cudromach anns na h-Eileanan, mar a leugh sinn anns an earrainn ghoirid mu dheidhinn ann an **A1 Cuspair 7B - Duilleag Obrach**.

Air sgàth 's gu bheil a' mhuir timcheall orra, bidh gu leòr dhaoine anns na h-Eileanan ag obair **aig muir** ann am bàtaichean-iasgaich agus aig **tuathanasan-èisg** 'fish farms'.



Bruidhinn 🎤 - Dèan còmhchradh mu dheidhinn a bhith **aig muir**:

An deach thusa chun nan Eilean air bàt'-aiseig a-riamh? An toil leat fhèin a bhith aig muir? An còrdadh e riut a bhith ag obair aig muir? Dè b' fheàrr leat: obair air bàt'-aiseig CalMac no obair air bàt'-iasgaich?

Tha sinn a' dol fodha! | We are going under!

Bidh feum againn air **an roimhean** 'the preposition' **fo** 'under', 'below' airson a ràdh gu bheil bàta **air a dhol fodha** 'has gone under'. Mar as àbhaist, airson **roimhean** a chleachdadadh le **riochdair** 'pronoun', airson a ràdh: 'under me', 'under you', feumaidh sinn **riochdairean roimhearanach** a dhèanamh.

Sgrìobh 🖊 - Leis a' chlas, cuir crìoch air a' chlàr leis a' chruth cheart. Cleachd faclair, no cuir ceist air an tidsear ma dh'fheumas tu: Ciamar a chanas tu **fo + e**?

- **Tha am bàta air a dhol fodha!**
The boat has gone under!
- **Tha am bogsa fon bhòrd.**
The box is under the table.
- **Bha mi air mo bheul fodham!**
I was face down! [lit. I was on my mouth under me]
- **Lorg mi na h-iuchraighean, bha iad fodham air an t-sòfa!**
I found the keys, they were under me on the sofa!

fo + mi	fodham
fo + thu	_____
fo + e	_____
fo + i	_____
fo + sinn	_____
fo + sibh	_____
fo + iad	_____

5. Ag iasgach | Fishing

Èist 🎧 - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-20-na-h-eileanan-the-islands

Cuimhnich gu bheil e cudromach gun èist sinn ri Gàidhlig cho tric 's a ghabhas agus gum bi sinn a' cleachdadadh ghoireasan **leughaidh** agus **èisteachd** aig diofar ìrean, cuid a tha furasta agus cuid a tha dùbhlach. Chan eil e gu diofar mura h-eil sinn a' tuigsinn a h-uile rud aig an ìre seo. Tha **tar-sgrìobhadh** 'transcription' den chlàradh seo air **20B Duilleag Obrach**.

Èist ris a' chlàradh seo co-dhiù dà thuras leis a' chlas. Tha cuid den bhriathrachas ùr a bhios a dhìth anns a' bhogsa gu h-ìosal.

The screenshot shows a transcription page from the Tobar an Dualchais website. At the top are logos for TOBAR AN DUALCH AIS, KIST ORKNEY, FAIGH A-MACH, and MU DHEIDHINN. Below the title 'OBAIR AN IASGAICH ANN AN SGALPAIGH.' are details: Fiosraichean: MacLeod, Kenneth, 1893-1987 (7246); Luchd-clàraidh: MacLeod, Morag, 1936- (483); Ceann-latha: 27 May 1977; Àireamh a' chlàir: 71101; Pàirt 1: There is a waveform visualization and a playback control bar with a play button, a progress bar showing 00:02 / 01:50, and a speed control slider labeled 'PLAY SPEED CAN BE REDUCED'.

a' ciùradh *vn* | curing (of fish)
ana sheo *adv* | here 'an seo'
ciùrair(ean) *f* | curer(s)
Sgalpaigh | Scalpay
ugsa *m* | mature saithe
trosg *m* (**truisg**) *gen* | cod

strainnsear(an) *m* | stranger(s)
eathraichean *pl* | small boats
acarsaid *f* | anchorage
feadhainn *f* | some, a few
criutha *m* | crew
cùbair(ean) *m* | cooper(s)

Chan eil e gu diofar mura do thuig sinn am pìos gu lèir. Tha e feumail a bhith a' cluinntinn deagh Ghàidhlig Eileanach agus a' fàs cleachdte rithe.

Èist 🎧 ris a' chlàradh aon turas eile, ach a-nis **Leugh** 📖 **an tar-sgrìobhadh** 'the transcription' a tha air **20B Duilleag Obrach**.

Sgrìobh 🖊 - Freagair na ceistean seo mun chlàradh:

1. Càit an robh na strainnsearan a' fuireach?

2. Cia mheud criutha a bha air na h-eathraichean a bu lughá?

Tha beagan tràcair aig an fhairge. Chan eil tràcair idir aig na creagan. | The ocean has a little mercy. The rocks have no mercy at all.

Dèan maorach fhad 's a bhios an tràigh ann. | Make hay while the sun shines. [lit. Make shellfish while there is low tide.]

→ Theirigibh gu [20A Duilleag Mìneachaidh, 20B Duilleag Obrach, 20C Duilleag Geama]

Còmhradh:

Coimhead - Illustrated Scenario 20 - www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists

Sophie: Sin an dealbh mu dheireadh bhon chuairt agam ach chan fhaca mi sgeul air an uilebheist. Ciamar a tha thusa co-dhiù?



Pàdraig: Tha mi gu math. Tha mi a' faireachdainn gu math misneachail mun chùrsa a-nis. Tha na caraidean agam air a bhith taiceil ach tha mi a' coimhead air adhart ri cuairt air a' bhàt'-aiseig eadar Malaig agus Armadal air mo shlighe dhachaigh.

Sophie: Cuin a bhios am bàta sin a' seòladh?

Pàdraig: Bidh i a' seòladh trì tursan san latha, leis a' chiad tè aig còig mionaidean an dèidh seachd sa mhadainn. Gheibh mi a' chiad trèana à Glaschu aig fichead mionaid an dèidh ochd agus gheibh mi an t-aiseag aig dà uair feasgar.

Sophie: Dè cho fad 's a bheir i a' dol a-null?

Pàdraig: Bheir i mu thrì cairteal na h-uarach, agus mas e am bàta as mothà a bhios ann, cha toir i sin ach mu leth-uair a thìde. Is toil leam a' mhuir. Tha eathar aig m' athair.

Sophie: Eathar. Dè tha sin?

Pàdraig: Sin bàta beag airson iasgach. Bidh m' athair ag iasgach mar chur-seachad.

Sophie: Dè a bhios d' athair a' glacadh?

Pàdraig: Bidh e a' glacadh iasg agus a' togail maorach. Bidh e a' cur a-mach cliabh no dhà, bidh iad sin a' dol fodha, sìos fon uisge gu **grunnd na mara**, agus ma bhios e fortanach, togaidh e crùbagan no giomaich.

Sophie: Chunnaic mi iasgairean le slatan air Abhainn Nis.

Pàdraig: Chan e **slat** a bhios againne anns an eathar, ach **dorgh!** Sin loidhne fhada air am bi iomadh **dubhan**. Bidh na dubhain a' dol sìos fon uisge agus a' glacadh tòrr èisg aig an aon àm.

Sophie: Dè an seòrsa èisg as cumanta?

Pàdraig: Bidh sinn a' glacadh rionnaich agus liùghachan. Uaireannan bidh m' athair **a' sailleadh** nan rionnach.

Sophie: Tha mi a' smaoineachadh gun còrdadh e rium a dhol a-mach ann an eathar beag mar sin ach bhiodh eagal orm gun deidheadh i fodha.

Pàdraig: Cha deidheadh i fodha! Cha deidheadh iasgair a-mach le eathar ann an droch shìde. Ach... an robh **cur na mara** ort a-riamh? Am bi thu a' faireachdainn tinn nuair a bhios tu ann am bàta?

Sophie: Cha robh mi a-riamh air bàta aig muir! No ag iasgach!

6. Dè cho fada 's a bheir e? | How long will it take?

Anns a' Chòmhradh chuala sinn beagan briathrachais ùir co-cheangailte ri iasgach is a bhith aig muir.

grunnd na mara | the seabed
slat(an) f | rod(s), long stick(s)
dorgh m (duirgh) gen | handline

dubhan(-iasgaich) m | (fishing)hook
a' sailleadh vn | salting
cur na mara | seasickness

Chuala sinn cuideachd Sophie a' faighneachd na ceist: **Dè cho fada 's a bheir i a' dol a-null?** 'How long does she/it take going across?'.

Dè cho fad 's a bheir i a' dol a-null?

Bheir i mu thrì cairteal na h-uarach, agus mas e am bàta as mothà a bhios ann, cha toir i sin ach mu leth-uair a thìde.

Ged a tha am facal **bàta**, agus am facal **eathar** fireann, mar a bhios sinn a' dèanamh anns a' Bheurla bidh daoine gu tric a' bruidhinn mun deidhinn le riochdair boireann **i** 'she/her'. Tha Pàdraig ag innse do Sophie **gun toir i mu thrì cairteal na h-uarach** 'that she (it) takes about three quarters of an hour'.

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

... 's a bheir



We have seen that with relative clauses, and questions or conjunctions which require relative forms, we need to use the special relative future form which ends **-(e)as**. This is true of all regular verbs and 4 of the irregular verbs:

can! → chanas | cluinn! → chluinneas | ruig! → ruigeas | beir! → bheireas

That leaves the 6 irregular verbs which do not have a relative future form and just use their normal future tense, independent forms in relative clauses:

**rach! → thèid | thig! → thig | thoir! → bheir | faigh! → gheibh
faic! → chì | dèan! → nì**

We have seen examples of this used throughout the course:

- **Ciamar a chanas tu sin sa Ghàidhlig?** | How do/will you say that in Gaelic?
- **Ciamar a thèid thu dhan Fhraing?** | How do/will you go to France?

CRUTHAN NEO-EISIMEILEACH / DÀIMHEACH			CRUTHAN EISIMEILEACH		
Ciamar a _?	thèid	chanas	Càit an am _?	tèid	can
Cuin a _?	thig	chluinneas	Far an am _	tig	cluinn
Cò Dè _?	bheir	ruigeas	Gus an am _	toir	ruig
Cia mheud a _?	gheibh	bheireas	Mus _	faigh	beir
Dè cho fada 's a _?	chì		Mura _	faic	
Ma _	nì			dèan	
Nuair a _					

Bruidhinn - Dèan còmhradh a' cleachdadadh nan ceistean is nan naisgearan bhon chlàr seo gu h-àrd. Cuimhnich gun urrainn dhut an tràth caithte a chleachdadadh cuideachd.

Ciamar a thèid thu chun nan Eilean, an ath thuras a thèid thu thuca? Càit an tèid thu? An deach thu chun nan Eilean roimhe? Ciamar a chaidh thu thuca? Dè cho fada 's a thug e a' dol thuca?

7. Air a' Chroit | On the Croft

Coimhead - Ma choimheadas sinn a-rithist air a' chòmhradh eadar Pàdraig agus Sophie - www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists - cluinnidh sinn aig deireadh a' chòmhraidi gu bheil iad a' bruidhinn air a' chroit aig Pàdraig san Eilean Sgitheanach:

Sophie: A bheil croit agaibh anns an Eilean?

Pàdraig: Tha croit bheag againn.

Sophie: Le crodh agus caoraich?

Pàdraig: Chan eil againn ach caoraich. Tha cus obrach ann an crodh.

Sophie: Nach eil obair mhòr anns na caoraich cuideachd?

Pàdraig: Tha obair annta aig **àm rùsgaidh** agus **àm breith nan uan**. Ach bidh na nàbaidhean a' cuideachadh a chèile.

Sophie: 'S toil leam sin. Chòrdadh e rium ùine a chur seachad ann an coimhearsnachd mar sin.



croit *f* | a croft

a' rùsgadh *vn* | shearing

àm rùsgaidh *m* | shearing time

breith nan uan | birth of the lambs

crodh *m* (**cruidh**) *gen* | cattle

caora *f* (**caoraich**) *pl* | a sheep (sheeps)

a' rùsgadh *vn* | shearing
a' trusadh *vn* | gathering
a' biadhadh *vn* | feeding
a' bleoghann *vn* | milking

a' rùsgadh nan caorach
a' trusadh nan caorach
a' biadhadh a' chruidh
a' bleoghann nam bò

Dè th' ann an croitearachd? | What is crofting?

Chan e taigh a th' ann an croit, ach **talamh-àitich** air am bi daoine a' cumail bheathaichean agus **ag obrachadh na talmhainn**. 'S e siostam sònraichte do dh'Alba a th' ann an croitearachd a chaidh a stèidheachadh ann an 1886 mar fhreagairt air na Fuadaichean. Thug croitearachd cead agus comas do dhaoine air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan fuireach anns na coimhairsnachdan aca. **Gu h-àbhaisteach** bidh timcheall air 5 heactairean de mheud ann an croitean agus tha **dleastanasan air** an neach aig a bheil a' chroit a bhith a' fuireach taobh a-staigh 32 cilemeatair den chroit agus a bhith **ga h-nbrachadh**. Faodaidh croitearan a' chroit aca **a thoirt seachad** do chuideigin san teaghlach aca, no a-nis a reic ri cuideigin eile. Faodaidh croitear cuideachd an **taigh-croite** a thoirt **far na croite**.

COIMISEAN NA CROITEARACHD:
WWW.CROFTING.SCOTLAND.GOV.UK



CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD

talamh-àitich *m* | arable land
gu h-àbhaisteach *adv* | normally
dleastanas (air) *m* | duty, obligation (on)
taigh-croite *m* | croft house

ag obrachadh na talmhainn | working the land
ga h-nbrachadh | working it (*fem*)
toirt seachad | giving
far na croite | off of the croft

Sgrìobh 📝 - Freagair na ceistean seo mun earrainn.

1. An e taigh a th' ann an croit? Mura h-e, dè th' ann?

2. An e siostam eadar-nàiseanta a th' ann an croitearachd?

3. Dè na dleastanasan a th' air croitearan?

Bruidhinn 👂 - Dèan còmhchradh mu chroitearachd le caraid sa chlas:

A bheil thusa a' fuireach air croit? A bheil thu eòlach air duine sam bith aig a bheil croit?

Càit a bheil i? Cò ris a tha am beatha air a' chroit coltach? Am bu toil leat a bhith ag obair air croit sa gheamhradh? An còrdadh e riut a bhith ag obair le beathaichean?

8. Coimhearsnachdan | Communities

Tha **coimhearsnachd** 'community' a' ciallachadh rudeigin eadar-dhealaichte do gach duine, ach anns na h-Eileanan 's e **coimhearsnachdan dùthchail** 'rural communities' as mothà a th' ann agus tha coimhearsnachd na rud uabhasach cudromach do dhaoine.

'S iad na coimhearsnachdan croitearachd anns na h-eileanan na coimhearsnachdan mu dheireadh far am bi daoine a' bruidhinn na Gàidhlig gu gnàthach. Tha coimhearsnachdan iomallach a' fulang le droch bhun-structar, cion chothroman-obrach agus cion-taigheadais, agus mar sin, tha e doirbh an sluagh a ghlèidheadh.

dùthchail *adj* | rural

gu gnàthach *adj* | habitually

iomallach *adj* | remote

cion *m* | lack, shortage

bun-structar *m* | infrastructure

cothrom-obrach *m* | employment opportunity

cion-taigheadais *adj* | lack of housing

a' glèidheadh *vn* | preserving, maintaining

Bruidhinn 🗣 - Smaoinich air a' choimhearsnachd agad fhèin, agus air na diofar choimhearsnachdan air a bheil thu eòlach. Dèan còmhradh le caraid, no le buidheann beag, air na dealbhan seo agus air a' choimhearsnachd agad fhèin.

Dè seòrsa coimhearsnachd anns a bheil thusa a' fuireach? Dè na rudan matha mu choimhearsnachdan dùthchail agus bailteil? Dè b' fheàrr leat fhèin?



Cha tuigear feum na tobrach gus an traogh i. | You never miss the water until the well runs dry. [lit. *The necessity of the well isn't understood until it runs dry.*]

Giomach, rionnach is ròn, trì seòid a' chuain. | Lobster, mackerel and seal, the three heroes of the ocean.

→ Theirigibh gu [20A Duilleag Mìneachaidh, 20B Duilleag Obrach, 20C Duilleag Geama]